



## Plana Gàidhlig 2022–25

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 1 Samhain 2022.

Air fhoillseachadh le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba  
The Optima Building, 58 Sràid Robastan, Glaschu G2 8DQ  
Lowden, 24 Wester Shawfair, Dalkeith, Meadhan Lodainn, EH22 1FD

[www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA. Ma thèid ath-riochdachadh, bu chòir aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bhon Sgioba Conaltraidh. Chan fhaod a bhith air ath-riochdachadh airson adhbharan malairt no malairteach.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2022

# Facal-toisich

Tha àite cudromach aig SQA ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig ann an Alba ioma-chànanach san àm ri teachd agus tha e na thoileachas dhomh a bhith a' cur an cèill ar dealas leantainneach a thaobh coileanadh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann an seo — an treas eagraan den Phlana Ghàidhlig againn, a' còmhach nan trì bliadhna ri teachd.

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair gu dlùth le buidhnean poblach gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach ann an coileanadh an gnìomhan gus a' chànan a phrìomh-shruthadh mar phàirt de structar beatha làitheil na h-Alba.

Tha SQA a' leantainn air adhart ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh na Gàidhlig agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh. Tha sinn moiteil a bhith a' toirt seachad raon de dhiofar theisteanasan Gàidhlig a tha freagarrach do na h-uile, bho luchd-ionnsachaidh gu fileantaich, a bhios chan ann a-mhàin a' leasachadh sgilean cànan, ach cuideachd a' toirt a-steach eileamaidean ciùil, cultarail, eachdraidheil agus dreuchdail. Tha obair ann an com-pàirteachas le buidhnean foghlaim eile air a bhith, agus fhathast ri bhith, na eileamaid bhunaiteach den Phlana Ghàidhlig againn.

Leanaidh sinn oirnn a' tabhann ar seirbheisean Gàidhlig don luchd-obrach againn agus don phoball. Nì seo cinnteach nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn leinn, gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil iad ann, agus gum bi iad air am brosnachadh gu gnìomhach gus an cleachdadh.

Tha Ministearan Riaghaltas na h-Alba air a ràdh gun tèid buidheann curraicealaim is measaidh ùr a chur an àite SQA mar phàirt de dh'ath-sgrùdadh air buidhnean foghlaim nàiseanta. Bidh pàirt làn agus adhartach againn sa phròiseas ath-bhreithneachaidh a tha a' dol air adhart, a' nochdadh sgilean, fiosrachadh agus eòlas ar co-obraichean tarsainn SQA. Thèid sùil gheur a chumail air mar a bheir an sgrùdadh seo buaidh air lìbhrigeadh a' phlana seo.

Fiona Robertson  
Ceannard SQA

# Clàr-innse

<b>Ro-ràdh</b>	<b>1</b>
Tuairisgeul air SQA	1
A' toirt seachad Theisteanasan	1
Barantachadh	1
Amasan agus ro-innleachdan	2
Cruth na Buidhne	2
Gàidhlig taobh a-staigh SQA	3
Gàidhlig ann an Alba	6
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	8
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	8
Sgrùdadh comas Gàidhlig air an taobh a-staigh	8
<b>Priomh thoraidhean bhon cho-chomhairleachadh air a' Phlana Ghàidhlig</b>	<b>10</b>
<b>Priomh prionnsabalan</b>	<b>11</b>
Spèis co-ionnan	11
Tairgse gnìomhach	11
Priomh-shruthadh	11
<b>Gealltanasan a' phlana</b>	<b>12</b>
Amasan Àrd-ìre	12
Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig	13
Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig	16
Amasan seirbheis corporra	18
Amas: Inbhe	19
Amas: Conaltradh leis a' phoball	20
Amas: Fiosrachadh	22
Amas: Luchd-obrach	24
Amas: Corpas na Gàidhlig	28
<b>Ceanglaichean ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta agus frèaman ionadail agus roinneil</b>	<b>29</b>
<b>Foillseachadh</b>	<b>29</b>
<b>A' faighinn goireasan air a' phlana</b>	<b>30</b>
<b>A' cumail sùil air a' phlana</b>	<b>30</b>
<b>Am Plana Gàidhlig anns an ùghdarras phoblach</b>	<b>31</b>
Dleastanas iomlan airson a' phlana	31
Uallach airson a' phlana bho latha gu latha	31
<b>Pàipear-taice 1 — Sgrùdadh comas Gàidhlig air an taobh a-staigh</b>	<b>32</b>
<b>Pàipear-taice 2 — Co-chomhairleachadh poblach</b>	<b>35</b>

# Ro-ràdh

## Tuairisgeul air SQA

Is e SQA buidheann duaiseachaidh is barrantachaidh nàiseanta na h-Alba. 'S e ar n-adhbhar a bhith a' cuideachadh dhaoine gus an comasan slàn a choileanadh fhad 's a tha sinn a' cumail suas ìrean thairis air foghlam na h-Alba. Tha sinn nar buidheann-gnìomha phoblach neo-roinneil cunntachail ri Ministearan na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba. Stèidhichte fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 1996, tha an SQA air a mhaoineachadh le Buidheann-stiùiridh an Ionnsachaidh aig Riaghaltas na h-Alba. Tha ar raon-obrach agus dleastanasan air an cuir a-mach ann an Achd Theisteanasan na h-Alba 2002, mar a chaidh atharrachadh.

Tha sgioba-obrach de cha mhòr 1,000 aig SQA eadar oifisean ann an Glaschu agus Dalkeith — ach le mòran cho-obraichean ag obair bhon taigh an-dràsta. Tha an SQA ag obair le luchd-ionnsachaidh, sgoiltean, colaistean agus luchd-solair trèanaidh thairis air Alba, an còrr den RA agus gu h-eadar-nàiseanta, gus frèam theisteanasan a stèidheachadh, a chumail suas agus a leasachadh. Tha sinn cuideachd a' stèidheachadh agus a' cumail suas ìrean airson iomadh buidheann theisteanais agus iomadh teisteanas barantaichte eile.

## A' toirt seachad Theisteanasan

Mar bhuidheann theisteanais, bidh an SQA a' stèidheachadh, a' cumail suas agus a' leasachadh frèam-obrach theisteanasan a gheibhear ann an sgoiltean, colaistean, fastaichean agus solaraidhean trèanaidh na h-Alba. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- ◆ Teisteanasan Nàiseanta, air an sgrùdadh aig sgoiltean agus colaistean, leithid Nàiseanta 1–5, Àrd-ìre, agus Àrd-ìre Adhartach
- ◆ Teisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre, gu tric air an sgrùdadh aig colaistean, a dh'fhaodadh a bhith nan drochaid gu tuilleadh ionnsachaidh san oilthigh
- ◆ farsaingeachd de theisteanasan dreuchdail, air an leasachadh le com-pàirtichean san raon gnìomhachais, agus a fhreagras ri feumalachdan a thèid aithneachadh a thaobh sgilean

## Barantachadh

Mar bhuidheann barantachaidh, tha an SQA a' stèidheachadh agus a' cumail suas ìrean airson iomadh buidheann theisteanais eile, agus airson teisteanasan barantaichte mar Theisteanasan Dreuchdail na h-Alba. Tha SVQan a' toirt fianais gun urrainn do luchd-ionnsachaidh an cuid obrach a dhèanamh gu math agus gun gabh an sgrùdadh ann an colaistean no san àite-obrach.

Tha Barantachadh an SQA a' toirt seachad taic farsaing agus barantachd càileachd, mar bhaidse chàileachd airson buidhnean theisteanas agus an luchd-cleachdaidh. Tha co-obraichean ann am Barantachadh an SQA ag obair còmhla ri buidhnean a tha a' stèidheachadh ìrean agus luchd-ùidhe eile ann an stèidheachadh Ìrean Dreuchdail Nàiseanta, structaran theisteanais agus na rudan a tha a' tighinn còmhla riutha, agus luachadh creideas de theisteanasan SCQF.

Tha dreuchd sònraichte cuideachd aig an SQA a bhith a' cur taic ri Preantasachdan Bun-ìre agus poileasaidh Leasachadh an Luchd-obrach Òg: tha ar teisteanasan mar phàirt den mhòr-chuid de Phreantasachdan Nuadh na h-Alba. Tha ar dreuchd a thaobh barantachadh cuideachd a' cur gu mòr ris an raon seo.

Chan urrainn dha SQA teisteanasan a leasachadh agus a libhrigeadh leotha fhèin; bidh sinn ag obair le tidsearan eòlach, òraidichean agus eòlaichean cuspair eile. Ann am bliadhna àbhaisteach, bidh SQA a' fastadh

mu 15,000 neach-dreuchd mar sin. Bidh luchd-dreuchd ag obair air a h-uile càil bho bhith a' dealbhadh theisteanasan, a' cruthachadh mheasaidhean agus a' comharrachadh, gu tursan gealltanais càileachd agus a' cumail sùil air deuchainnean. Tha luchd-dreuchd SQA deatamach airson dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman foghlaim is trèanaidh againn ag obair gu h-èifeachdach. An coimeas ri sin, bha an galar mòr-sgaoilte COVID-19 agus cuir às do dheuchainnean Teisteanasan Nàiseanta 2020 a' ciallachadh nach do ghairm sinn air seirbheisean ach àireamh bheag de dh'àrd-luchd-dreuchd ann an dreuchd ath-bhreithneachaidh.

## Amasan agus ro-innleachdan

Ann an 2019–20, rinn sinn eacarsaich co-chomhairleachaidh agus leasachaidh air na taobh a-staigh gus measadh agus ùrachadh a dhèanamh air na dòighean anns a bheil sinn a' cur an cèill, a' cur an gnìomh agus a' sgrùdadh ar ro-innleachd mar bhuidheann. Mar thoradh air a' phròiseas seo, tha còig builean againn a-nis, a dh'fhoillsich sinn nar Plana Corporra airson 2020–23:

- ◆ Tha sinn a' libhrigeadh siostam de theisteanasan a tha creideasach
- ◆ Tha sinn sùbailte ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh
- ◆ Tha modail obrachaidh seasmhach againn a tha air a ghoireasachadh gu h-ìomchaidh airson ar dleastanasan a libhrigeadh an-dràsta agus san àm ri teachd
- ◆ Tha sinn nar buidheann soirbheasach, le deagh obraichean agus àrainneachd obrach cothromach airson a h-uile duine
- ◆ Tha earbsa, urram agus luach air an cur oirnn le ar luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe agus com-pàirtichean

Tha na còig builean seo gar cuideachadh leis ar n-amas a bhith a' cumail suas, a' stèidheachadh, agus a' sìor leasachadh ar teisteanasan, obair barantachadh agus gnìomhachd eile. Tha sinn an dùil seo a dhèanamh le bhith a' cumail oirnn a' bruidhinn ris an fheadhainn a tha a' cleachdadh agus a tha fo bhuaidh ar seirbheisean. Tha sinn gu math fosgailte ri beachdan a chluinntinn air ais, agus deònach am freagairt.

Tha amasan ro-innleachdail SQA air am fighe a-steach nar builean. Tha iad seo a' cur a-mach ar n-amasan agus miannan mar bhuidheann, agus a' cur gu mòr ri sunnd, adhartas agus leasachadh comann-sòisealta na h-Alba gu h-ìomlan, agus nan daoine fa leth a tha nam pàirt dheth. Tha iad a' còmhach an dà chuid ar gnìomhan barrantachaidh agus buileachaidh agus a' co-thaobhadh ri agus a' toirt taic do Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta (NPF) aig Riaghaltas na h-Alba.

## Cruth na Buidhne

Tha gnìomhan SQA air an stiùireadh le Sgioba Stiùiridh Gnìomh (EMT) air a bheil an t-àrd-oifigear agus na stiùirichean le uallach airson prìomh gnìomhan na buidhne. Tha na gnìomhan seo a' gabhail a-steach a bhith a' buileachadh ar teisteanasan fhèin agus a' barrantachadh agus a' riaghladh gnìomhachd bhuidhnean duaiseachaidh eile. Tha na gnìomhan air an stiùireadh leis a' Chomataidh Barrantachaidh againn — comataidh reachdail a chaidh a stèidheachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 1996.

Tha poileasaidh SQA, agus gu sònraichte ar Plana Corporra, air a leasachadh leis an EMT, le stiùireadh ro-innleachdail air a sholarachadh le buill neo-ghnìomhach a' Bhùird Stiùiridh, agus ann an co-chomhairle le Riaghaltas na h-Alba. Bidh an EMT a' cumail sùil air buileachadh a' phlana agus a' toirt seachad aithisgean adhartais cunbhalach airson ath-sgrùdadh leis a' Bhòrd. Is e dleastanas ar Comhairle Comhairleachaidh, aig a bheil buill air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba, a bhith a' riochdachadh ar diofar luchd-ùidh agus a' beachdachadh agus a' comhairleachadh SQA air am feumalachdan agus am beachdan a thaobh ar teisteanasan agus duaisean.

Tha gnìomhan na buidhne air an roinn thairis air ochd buidhnean-stiùiridh:

- ◆ Leasachadh na Buidhne
- ◆ Siostaman na Buidhne
- ◆ Conaltradh
- ◆ Seirbheisean Ionmhais is Corporra
- ◆ Obrachaidhean
- ◆ Teisteanasan
- ◆ Daoine
- ◆ Poileasaidh, Mion-sgrùdadh agus Inbhean

San Ògmhios 2021, dh'fhoillsich a' Bhuidheann airson Co-obrachadh agus Leasachadh Eaconamach an aithisg aca air Curraicealam airson Sàr-mhathais. Às dèidh don sgrùdadh fhoillseachadh, dh'ainmich Ministearan na h-Alba gun deidheadh SQA a chuir na àite agus gun deidheadh buidheann sònraichte ùr a chruthachadh air am biodh uallach airson gach cuid a' churraicealam agus am measadh. Is e cothrom a tha seo airson atharrachadh mòr a choinnicheas ri feumalachdan ar luchd-ionnsachaidh, ar comann-sòisealta agus ar eaconamaidh, agus aig a bheil taic dhuinn uile.

Mar a chithear sna Planaichean Gàidhlig a bh' aig SQA roimhe seo, tha SQA air a bhith comasach air an t-ullachadh a tha aca mar-thà agus a tha air a bhith ann o chionn fhada airson a' chànain a leudachadh agus cumaidh iad orra a' dèanamh sin. Bithear a' cumail sùil air a' bhuidheann a bhios aig ath-sgrùdadh agus ath-chur SQA air a' seo, an treas plana againn, mar a thig toradh an ath-bhreithneachaidh air adhart.

## Gàidhlig taobh a-staigh SQA

Gus cuideachadh le bhith a' daingneachadh seasmhachd don Ghàidhlig ann an Alba ioma-chànanach san àm ri teachd, tha SQA dealasach a thaobh nan amasan a tha air am mìneachadh ann am [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#), a tha ag aithneachadh na Gàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba.

Nar n-obair, tha SQA ag amas air:

- ◆ brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig
- ◆ togail agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh
- ◆ ìomhaigh adhartach den Ghàidhlig a bhrosnachadh

Bidh sinn a' tabhann chothroman do cho-obraichean Gàidhlig ionnsachadh le bhith a' toirt ceanglaichean gu goireasan, tachartasan agus naidheachdan iomchaidh air duilleag eadra-lìon Cànanan na h-Alba againn. Faodaidh luchd-obrach cuideachd conaltradh le luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh eile air ar Mòr-ionad Gàidhlig SQA air Yammer.

Ged a chaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh gu h-oifigeil ann an 1985, tha a' Ghàidhlig air a bhith air a cleachdadh mar mheadhan conaltraidh, teagaisg agus ionnsachaidh airson ceudan de bhliadhnaichean.

Tha taic fad-ùine aig SQA agus na buidhnean a bh' againn roimhe don Ghàidhlig.

Am measg nam prìomh leasachaidhean tha:

- 1904 A' gabhail a-steach Gàidhlig mar chuspair airson na h-Àrd-Teisteanais
- 1905 A' toirt a-steach deuchainnean Teisteanas Ìosal is Àrd-ìre ann an Gàidhlig (an dùil airson luchd-labhairt dùthchasach)
- 1962 Stèidhich Bòrd Sgrùdaidh Teisteanas Foghlaim na h-Alba (SCEEB) an cùrsa Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), a' comasachadh eadar-dhealachadh eadar deuchainnean luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt dùthchasach airson na Gàidhlig san Ìre Àbhaisteach.
- 1968 Thug SEB a-steach deuchainn na Gàidhlig aig Àrd Ìre (Luchd-ionnsachaidh)
- 1981 Dh'fhoillsich Bòrd Sgrùdaidh Teisteanas Foghlaim na h-Alba Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig (GOC). Bha an stiùireadh ag amas air seata ùghdarrasach de ghnàthasan sgrìobhadh a thoirt do thidsearan agus tagraichean, gus cur às do neo-chunbhalachd ann an Gàidhlig sgrìobhte a thug luchd-sgrùdaidh SCEEB fa-near.
- 1983 Ciad cleachdadh oifigeil na Gàidhlig ann an teagasg cuspairean àrd-sgoile às dèidh pròiseact pileat Comhairle nan Eilean mar leudachadh air a' phrògram dà-chànanach sa bhun-sgoil. Thòisich sgoilearan ann an roinnean àrd-sgoile Lionail agus Shiaboist ann an Leòdhas ag ionnsachadh cuspairean sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig
- 1985 Aonadan tro mheadhan na Gàidhlig air an stèidheachadh ann an sgoiltean ann an Inbhir Nis agus Glaschu, a' brosnachadh iarrtas airson solar ann an sgìrean eile
- 1988 A' chiad aonad Gàidhlig air tìr-mòr air fhosgladh aig Àrd-sgoil Hillpark, Glaschu
- 1992 Ullachadh airson Gàidhlig agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig air a stèidheachadh ann an Acadamaidh Allt a' Mhuilinn, Inbhir Nis agus Àrd-sgoil Phort Rìgh, san Eilean Sgitheanach, agus mar sin a' dèanamh cinnteach gum bi foghlam tro mheadhan na Gàidhlig leantainneach do sgoilearan ann an dhà de na h-aonadan bun-sgoile as motha.
- 1993 Thòisich SQA a' tabhann Ìrean Coitcheann ann am Matamataig, Eachdraidh, Nuadh-eòlas agus Cruinn-eòlas.
- 2009 Chuir SQA Nuadh-chànanan airson Adhbharan Obrach air bhog – sreath de dh'aonadan aig Ìre Inntigidh 3, Eadar-mheadhanach 1, Eadar-mheadhanach 2 agus Àrd-ìre. Sònrachadh coitcheann a' còmhach 10 cànanan a' gabhail a-steach Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
- 2011 Modalan inntigidh is teisteanais ùra air an leasachadh airson cùrsaichean meadhan-Gàidhlig SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil tiotalan chùrsaichean agus gach aonad a gheibhear tro mheadhan na Gàidhlig air an aithris sa Ghàidhlig air Duaisean Teisteanasan Albannach nan tagraichean. Tha aithrisean aithneachaidh ann cuideachd air a' chlàr coileanaidh mhionaideach a' nochdadh gun deach an cùrsa a mheasadh agus a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.
- 2011 Cur air bhog Aonadan Nàiseanta air an leasachadh le SQA ann an com-pàirteachas le Colaistean Alba agus solar a leasachadh do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig. Tha na h-aonadan a' còmhach nan ceithir prìomh sgìlean cànan: labhairt, èisteachd, leughadh agus sgrìobhadh

- 2011 Stèidheachadh NPA Sgrìobhadh agus Rìochdachadh Òrain Ghàidhlig san Là an-diugh. Tha an duais seo a' còmhachadh chùisean a thug cumadh air comann-sòisealta, cànan is cultar na Gàidhlig san latha an-diugh, agus a' toirt a-steach ro-ràdh air freumhan cruthachadh ceòl Gàidhlig, le fòcas air a' ghluasad gu ceòl Gàidhlig an latha an-diugh agus na nòsan-ciùil aige.
- 2012 Cur air bhog Eòlas Ceilteach NC. Bheir an Teisteanas Nàiseanta seo tuigse do leasachaidhean anns na gnìomhachasan cruthachail, cultarail agus dualchais, a' Ghàidhlig, poilìtigs nan dùthchannan Ceilteach, agus ceòl is dannsa traidiseanta.
- 2013 Chuir SQA Duais Ùr-Chànanan airson Beatha agus Obair air bhog aig ìrean SCQF 3 agus 4, air a leasachadh gus coinneachadh ri amasan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, agus ri fhaighinn ann an 10 cànanan a' gabhail a-steach Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).
- 2018 Leasachadh PDA SQA ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig. Duais Leasachadh Proifeiseanta airson an fheadhainn a tha mar-thà ag obair mar eadar-theangairean a tha airson an eòlas, an sgilean agus an cleachdadh a leasachadh. Tha e cuideachd freagarrach dhaibhsan aig a bheil ìre àrd de chomas cànan an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla a tha airson a' phròiseas a ghabhail os làimh airson a bhith nan eadar-theangair comasach ag obair gu ìrean proifeiseanta.
- 2020 Mar fhreagairt air fios air ais bho ionadan, chaidh an Duais Ùr-Chànanan airson Beatha agus Obair a thoirt seachad aig ìrean SCQF 5 agus 6 còmhla ris na h-aonadan fa-leth aige.

Tha SQA ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba, agus gu bheil àite deatamach aig foghlam ann an ath-bheothachadh mhion-chànanan. Tha sinn dealasach a bhith ag obair ann an co-obrachadh le luchd-ùidh agus com-pàirtichean air feadh na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig a' soirbheachadh nar comann-sòisealta eadar-mheasgte cànanach agus gus dèanamh cinnteach gum bi i seasmhach san àm ri teachd. Tha sinn ag amas air na buannachdan iomadach as urrainn dha a thoirt do ar tagraichean agus ar co-obraichean, biodh e na buannachdan foghlaim, eaconamach no cultarail.

Bidh SQA a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig tro ar taic leantainneach do thachartasan leithid am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Gàidhlig. Tha sinn a' toirt taic agus a' cur ri iomairt riaghaltais Ìre Adhartas nas Luathaiche airson na Gàidhlig agus ag obair gu dlùth le raon de luchd-ùidh leithid Foghlam Alba, Stòrlann, Lionra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN), Riaghaltas na h-Alba, Comann nam Pàrant agus GTCS.

Tha e cudromach gum faigh tagraichean aig a bheil eòlas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tron fhoghlam fharsaing choitcheann aca sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil làn chothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san ìre as sine aca gus an sgilean Gàidhlig a dhaingneachadh agus a leasachadh. Tha SQA a' toirt làn thaic do leasachadh ro-innleachd nàiseanta ciallach gus dèanamh cinnteach gun tachair seo.

Às dèidh chòmhradh mar phàirt den choinneamh Ìre Adhartas nas Luathaiche san t-Sultain 2021, chaidh buidheann-obrach a stèidheachadh leis an amas leudachadh a dhèanamh air an tairgse cuspair gnàthach aig ìre àrd. Am measg nan còmhradh trath tha rannsachadh air roghainnean eile seach Cùrsaichean Nàiseanta, slighean practaigeach eile – a' gabhail a-steach Duaisean Ùr-chànanan airson Beatha is Obair, agus ceanglaichean ri prògraman preantasachd. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach sa tha e a bhith a' leantainn eaconamaidh nas measgaichte do dh'oileanaich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) san ìre as sine, a' tabhann sreath de chothroman, a fhreagras nas fhearr air feum agus co-theacsa co-cheangailte ri leasachadh slighean Luchd-obrach Òg.



Tha tuilleadh fiosrachaidh mun t-solar againn airson na Gàidhlig ri fhaighinn aig [www.sqa.org.uk/gaelic](http://www.sqa.org.uk/gaelic).

## Gàidhlig ann an Alba

A rèir figearan a' Chunntais Sluaigh 2011 (an tè as ùire an-dràsta), b' e 87,056 an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus/no a leughadh, agus/no a sgrìobhadh, agus/no a thuigsinn. Dhiubh sin, b' e 57,602 an àireamh iomlan de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn. Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos gu h-iomlan anns a' chunntas mu dheireadh, chaidh an àireamh de dhaoine comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh suas eadar 2001 agus 2011, a' nochdadh fàs ann an litearrachd na Gàidhlig agus àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' fàs. Tha dà phrìomh leasachadh anns an deichead mu dheireadh air àrdachadh fhaicinn ann an àrd-ùrlaran didseatach do luchd-ionnsachaidh cànan. Tha 425,000 neach-ionnsachaidh an sàs ann an Cùrsa Gàidhlig Duolingo<sup>1</sup> an-dràsta, agus tha foillseachadh SpeakGaelic leis a' BhBC o chionn ghoirid san Dàmhair 2021 a' sealltainn gu bheil miann ann a' Ghàidhlig ionnsachadh ann an Alba.

Gach bliadhna, bidh Bòrd na Gàidhlig (BnG) a' foillseachadh dàta poblach air foghlam Gàidhlig. Am measg nam prìomh staitistig tha:

- ◆ 3,801 sgoilear ann am FMG bun-sgoile (61 sgoil/aonad ann an 15 ùghdarrasan ionadail)
- ◆ 1,474 sgoilear ann am FMG àrd-sgoile (32 sgoiltean ann an 12 ùghdarrasan ionadail)
- ◆ Tha 75 bun-sgoil ann an seachd ùghdarrasan ionadail a' tabhann foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- ◆ 3,599 sgoilearan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (32 àrd-sgoiltean ann an ochd ùghdarrasan ionadail)

Tha am mapa air an ath dhuilleig a' sealltainn far a bheil foghlam Gàidhlig ri fhaighinn an-dràsta ann an Alba. Tha barrachd fiosrachaidh mu na staitistig seo ri fhaighinn bho BnG aig: [www.gaidhlig.scot/en/education/education-data](http://www.gaidhlig.scot/en/education/education-data).


Tha sinn moiteil às ar pàirt deatamach ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don chànan ann an Alba san àm ri teachd.

---

<sup>1</sup> Staitistig luchd-cleachdaidh Duolingo, mar aig 29 Dàmhair 2021 <https://www.duolingo.com/courses/all>

# Foghlam tron Ghàidhlig 2020-21 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil Ghàidhlig      GME primary school
- Bun-sgoil le sruth FtB      GME primary with English stream
- Bun-sgoil le sruth FtG      Primary school with GME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois      With associated GME nursery
- ★ FtG aig S1/2/3 gu h-ionadail      GME in S1/2/3 delivered locally
- Comhairle le FtG a-ghnàth      Local authority with regular GME



Le dàta bhon NRS © Dìghe copalaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2021.  
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdaids © Dìghe copalaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2021.  
 Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2021 a' cleachdadh QGIS 3.

Contains NRS data © Crown copyright & database right 2021.  
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright & database right 2021.  
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2021 using QGIS 3.

POBLACH

Bòrd na Gàidhlig – 3 – [www.gaelic.scot](http://www.gaelic.scot)

PUBLIC

## Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil na h-Alba, le spèis co-ionann ris a' Bheurla.

Is e aon de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 a bhith a' toirt comas do BnG iarraidh air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblaich ann an Alba a pàirt ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd le bhith ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an treas eagran de Phlana Gàidhlig SQA, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a thaobh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar gnìomhan, mar a bheir sinn cothrom cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

## Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha SQA a' toirt taic don amas sa [Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018–23](#) gum bi 'Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean'.

Tha sinn dealasach a thaobh an amas seo a choileanadh le bhith ag amas air ar n-obair:

- ◆ a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad ag eadar-obrachadh leinn
- ◆ a' meudachadh a' chothruim do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn
- ◆ a' brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

## Sgrùdadh comas Gàidhlig air an taobh a-staigh

B' e aon de na gnìomhan ris an robhar an dùil bhon dàrna Plana Gàidhlig againn sgrùdadh co-oibrichean a dhèanamh gus stòr-dàta sgilean a stèidheachadh agus a chumail gus co-obraichean aig a bheil sgilean Gàidhlig a chomharrachadh, agus gus co-obraichean a chomharrachadh aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Bha an Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig againn, a chaidh a dhèanamh sa Chèitean 2021, ag amas air cleachdadh agus sgilean na Gàidhlig a chomharrachadh a bharrachd air rùintean trèanaidh is leasachaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aig ar co-obraichean. Tha SQA dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg cho-obraichean agus luchd-ceannachd, agus cuidichidh am fiosrachadh a chruinnich sinn leis an sgrùdadh sgilean sinn ann a bhith planadh leasachadh air cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig nas motha aig SQA rè ùine a' phlana seo.

Chaidh an Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig, ann an cruth suirbhìdh air-loidhne, a chur an cèill don a h-uile co-oibrichean tro phost-d co-oibrichean a bharrachd air ar eadra-lìon agus làraichean Yammer. B' e ìre freagairt an t-suirbhìdh 10% (107 co-oibrichean).

Am measg nam prìomh thoraidhean bho na toraidhean tha:

- ◆ Tha 79% den luchd-fhreagairt mothachail air Plana Gàidhlig SQA
- ◆ Nuair a thathar a' toirt cunntas air an comas agus cleachdadh na Gàidhlig an-dràsta, tha 7% den luchd-fhreagairt nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig an-dràsta agus tha 7% den luchd-fhreagairt air Gàidhlig a dhèanamh roimhe seo.
- ◆ Tha comas bunaiteach aig 10% den luchd-fhreagairt ann a bhith a' tuigsinn na Gàidhlig
- ◆ Tha 84% den luchd-fhreagairt aig nach eil comas air Gàidhlig a thuigsinn
- ◆ Bhiodh ùidh aig 53% den luchd-fhreagairt Gàidhlig ionnsachadh

Tha barrachd mion-fhiosrachaidh ann am [Pàipear-taice 1](#).

Thar beatha an treas plana seo, tha sinn an dùil a dhol an sàs a-rithist le luchd-fhreagairt a bh' ann roimhe, tuilleadh air a bhith ag obair còmhla ri barrachd cho-obraichean thar barrachd sheirbheisean is raointean gnìomhachais gus faighinn a-mach ciamar as urrainn dhuinn cleachdadh agus faicsinneachd den Ghàidhlig a leasachadh nas motha taobh a-staigh SQA.

# Prìomh thoraidhean bhon cho-chomhairleachadh air a' Phlana Ghàidhlig

Tha co-obrachadh leis na com-pàirtichean againn air feadh na h-Alba na h-eileamaid bhunaiteach den Phlana Ghàidhlig againn. A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh co-chomhairle air susbaint a' Phlana Ghàidhlig fhèin.

Tha e cudromach dhuinn gum bi am plana a rèir feumalachdan an luchd-ùidh uile againn - bho luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg gu luchd-fastaidh, agus solaraichean trànaidh. Chaidh ar co-chomhairle fhoillseachadh air an làrach-lìn againn bho Dhimàirt 2 Samhain gu Dimàirt 16 Dùbhlachd 2021. Tro na seanailean meadhanan sòisealta againn, bhrosnaich sinn a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an solar Gàidhlig SQA pàirt a ghabhail sa cho-chomhairle.

Fhuair sinn 11 freagairt uile gu lèir agus bha a' mhòr-chuid de fhreagairtean ag aontachadh ris na gnìomhan agus na h-amasan a tha air am mineachadh san dreachd phlana. Am measg nam prìomh chuspairean anns na freagairtean bha:

- ◆ na tha ri fhaotainn de theisteanasan a bhuineas don Ghàidhlig sa churraicealam
- ◆ mar thoradh air an ath-sgrùdadh air na buidhnean foghlaim agus am miann airson measadh agus curraicealam a cho-thaobhadh ann an siostam foghlaim na h-Alba, chaidh mothachadh gum bi cothroman ann FMG a neartachadh san àm ri teachd.
- ◆ tha feum air sgrùdadh taobh a-staigh air sgilean Gàidhlig aig SQA (agus a' bhuidheann a thig às a dhèidh)

Chan eil SQA den bheachd gu bheil a' cho-chomhairleachadh poblach air feum sam bith a mholadh airson atharrachadh bunaiteach air a' phlana a tha san amharc. Tha am plana an-dràsta sùbailte gu leòr airson beachdachadh air mòran de na puingeon a thog luchd-freagairt.

Tha am fios air ais a fhuair sinn air a chlàradh agus bidh e ri fhaicinn sa phlana gnìomh air an taobh a-staigh, a thèid a stèidheachadh tro Bhuidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig SQA.

A bharrachd air an sin, bho 30 Sultain gu 26 Samhain 2021, chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail às leth an Ollaimh Ken Muir, Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba, na dhreuchd mar chomhairliche neo-eisimeileach do Riaghaltas na h-Alba air ath-chur SQA agus ath-leasachadh Foghlam Alba. Bheir am fiosrachadh seachad taic don Ollamh Muir na bheachdachaidhean. Thèid mion-sgrùdadh de na freagairtean fhoillseachadh tràth ann an 2022 cuideachd. Mar phàirt den cho-chomhairle seo, bheachdaich an t-Ollamh Ken Muir gun robh e cudromach gum biodh cothrom aig an fheadhainn a bha a' riochdachadh sgoiltean FMG a dhol an sàs leis air mar a bha iad an dùil gun toireadh na h-ath-leasachaidhean san amharc buaidh orra. Mar thoradh air an seo, chaidh iarraidh air BnG a bhith mar phàirt den Bhuidheann Comhairleachaidh Luchd-cleachdaidh is Luchd-ùidh agus tha iad cuideachd air freagairt a thoirt don cho-chomhairle seo. Thèid beachdachadh air gnìomhan iomchaidh sam bith agus a thoirt air adhart.

Tha tuilleadh fiosrachaidh ann am [Pàipear-taice 2](#).

# Prìomh prionnsabalan

## Spèis co-ionnan

Fo chumhachan Achd 2005, tha BnG ag obair le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil na h-Alba, le spèis cho-ionann ris a' Bheurla, agus tha BnG an uair sin an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca ciamar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail ann an cleachdadh.

Nì SQA cinnteach, far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar gnìomhachd agus seirbheisean, gum bi na seirbheisean aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a tha sinn a' toirt seachad sa Bheurla.

## Tairgse gnìomhach

Nì SQA tairgse ghnìomhach de na seirbheisean Gàidhlig againn don luchd-obrach againn agus don phoball. Nì seo cinnteach nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn leinn, gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil iad ann, agus gum bi iad air am brosnachadh gu gnìomhach gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach a dh'fheumas an t-seirbheis iarraidh agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fios a bhith aca gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh mas e Gàidhlig an roghainn as fheàrr leotha. Nì sinn cinnteach gum bi ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

## Prìomh-shruthadh

Nì SQA cinnteach gum bi cothroman don phoball agus ar co-obraichean air a' Ghàidhlig a chleachdadh air an gnàthachadh, mar thaic do Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018–23 ag amas gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine, agus ann an raon nas fharsaingeach de shuidheachaidhean.

# Gealltanasan a' phlana

## Amasan Àrd-ìre

Is e na h-amasan àrd-ìre àireamh bheag de ghnìomhan aig ìre ro-innleachdail, ceangailte gu dlùth ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018–23. Tha trì geallaidhean àrd-ìre aig BnG:

- ◆ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig
- ◆ meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig
- ◆ brosnachadh ìomhaigh adhartach na Gàidhlig

Fon iad sin, agus tro cho-obrachadh le BnG, tha seachd amasan àrd-ìre air an comharrachadh mar phrìomhachasan airson SQA thar nan trì bliadhna a tha romhainn. Ged nach eil amasan àrd-ìre sònraichte againn air am mìneachadh gu h-ìosal a thaobh dealas àrd-ìre Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh 'A' brosnachadh ìomhaigh adhartach den Ghàidhlig', tro chòmhradh le BnG tha e riaraichte gu bheil sinn a' coileanadh a' gheallaidh seo tro na h-amasan àrd-ìre eile agus na h-amasan seirbheis corporra a tha air am mìneachadh sa phlana seo.

Fhad 's a tha sinn fhathast dealasach a thaobh cur an gnìomh an eagraan seo den Phlana Ghàidhlig againn 2022–25, tha sinn ag aithneachadh gur e amannan air leth a tha seo. Tha sinn a' leantainn oirnn a' dèiligeadh ri buaidh COVID-19 air Alba, an còrr den RA agus an t-saoghal. A bharrachd air an sin, tha coltas ann gun atharraich na prìomhachasan againn agus na raointean-ama co-cheangailte riutha mar thoradh air ath-sgrùdadh agus ath-nuadhachadh SQA. Ach, tha sinn ag amas air na nithean as cudromaiche a libhrigeadh, agus sinn ag obair còmhla ri daoine eile gus cumadh a thoirt air na h-atharrachaidhean a tha romhainn, agus cumaidh sinn sùil air an adhartas againn tro Bhuidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig againn.

## Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig

**Amas àrd-ìre:** Tuilleadh adhartachaidh air aonadan Gàidhlig leotha fhèin le comas iad sin a bhith air an gabhail a-steach ann an teisteanasan dreuchdail no Preantasachdan Bunaiteach

**Buil a thathar ag iarraidh:** Co-obrachadh le SDS agus luchd-ùidh eile gus dèanamh cinnteach gu bheil am poball mothachail air solar aonadach Gàidhlig

**Cleachdadh làithreach:** Tha fiosrachadh mu aonadan air a chumail air duilleag-lìn agus air a cho-roinn le luchd-ùidh ma thèid iarraidh: <https://www.sqa.org.uk/sqa/74313.6132.html>  
Aonadan air am brosnachadh tro lionra GLAN agus GLAD (airson luchd-ionnsachaidh inbheach)

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
A' dol an sàs le SDS air Preantasachdan Bun-ìre/Nuadh-aimsireil sam bith a tha san amharc gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air aonadan Gàidhlig SQA agus Duais Nuadh-chànanan airson Beatha agus Obair airson àrdachadh sgilean na Gàidhlig.  VQn, adhartachadh Aonad Adhbharan MLFW  Dèan cinnteach gu bheil cuireadh aig SDS gu tachartas tòiseachaidh a tha san amharc	Am Màrt 2023	Leasachadh Theisteanasan; Conaltradh



**Amas àrd-ìre:** Dèan cinnteach gun tèid ath-sgrùdadh leantainneach a dhèanamh air an t-solar de dheuchainnean Gàidhlig a th' ann an-dràsta le sùil ri seo a cheangal ri pròiseasan dealbhaidh àrd-sgoile gus dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh agus iarrtas ann.

**Buil a thathar ag iarraidh:**Tha SQA na phàirt riatanach de Ro-innleachd Nàiseanta airson FMG san ìre as sine

**Cleachdadh làithreach:**Tha SQA, ann an com-pàirteachas le Foghlam Alba, Stòrlann, riochdairean GLAN agus Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do sgoiltean ann a bhith a' neartachadh curraicealam FMG àrd-sgoile le bhith a' leasachadh dòigh-obrach dealbhaichte airson àrdachadh nan Theisteanasan Nàiseanta a thathar a' tabhann tro mheadhan na Gàidhlig.

Lean air adhart ag obair le luchd-ùidh gus fòcas ro-innleachdail nàiseanta a bhith againn air leudachadh air an raon de theisteanasan SQA sa Ghàidhlig

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
A' dol an sàs ann am FMG tro cho-chomhairle Lèirmheas Ken Muir	Coileanta	Leasachadh Theisteanasan
Tabhartas SQA do Lèirmheas Hayward air cùisean co-cheangailte ri FMG	Am Màrt 2023	Leasachadh Theisteanasan
Cuir a' Ghàidhlig a-steach ann an Rannsachadh & Ro-innleachd Mion-sgrùdaidh gus taic a thoirt do sholarachadh FMG agus gus ceistean rannsachaidh mu theisteanasan Gàidhlig a lorg. Cuideachd a' toirt a-steach mion-sgrùdadh co-chomhairleachaidh GLP	An t-luchair 2023	Poileasaidh, Mion-sgrùdadh & Inbhean

**Amas àrd-ìre:** Dèan cinnteach gu bheil riochdachadh Gàidhlig leantainneach ann taobh a-staigh comataidh clàr-ama nan deuchainnean agus gu bheil seo freumhaichte taobh a-staigh structar na buidhne

**Buil a thathar ag iarraidh:** Bidh seallaidhean de roinn FMG an-còmhnaidh air an gabhail a-steach nuair a thathar a' dealbhadh chlàran-ama

**Cleachdadh làithreach:** Riochdaire bho FMG an-còmhnaidh air comataidh comhairleachaidh clàr-ama

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Gun bhuinteanas	Gun bhuinteanas	Leasachadh Theisteanasan; Conaltradh

**Amas àrd-ìre:** Prìomhachasan bhon iomairt a tha air a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba, Gàidhlig — Ìre Adhartais nas luaithe (FROP)

**Buil a thathar ag iarraidh:** Tha SQA a' cur ris an iomairt seo agus a' frithealadh choinneamhan sruth-obrach cunbhalach

**Cleachdadh làithreach:** SQA gus leantainn air adhart a' cur ris na sruthan-obrach a leanas:  
 conaltradh le coimhearsnachdan  
 didseatach agus na meadhanan  
 eaconamaidh agus margaidh obrach  
 com-pàirt  
 fastadh agus gleidheadh luchd-teagaisg

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Thoir geàrr-chunntas do luchd-obrach air gnìomhachd SQA agus co-obrachadh le luchd-ùidh a tha an sàs ann an FROP	An Dàmhair 2022, 2023, 2024	Leasachadh Theisteanasan

## Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig

**Amas àrd-ìre:** Cur ris an obair a tha LearnGaelic a' dèanamh gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach

**Buil a thathar ag iarraidh:** Tha luchd-ionnsachaidh inbheach mothachail air solar SQA a tha ann mar-thà

**Cleachdadh làithreach:** Roinn solar iomlan na Gàidhlig le LearnGaelic gus am faigh luchd-ionnsachaidh inbheach fios mu chothroman teisteanas SQA airson na Gàidhlig.

Pròiseact SpeakGaelic (air a chur air bhog san Dàmhair 2021) air a bhrosnachadh gu co-obraichean SQA mar chothrom ionnsachaidh air Mòr-ionad Gàidhlig SQA air Yammer

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Lean air adhart a' conaltradh le LearnGaelic gus dèanamh cinnteach gun tèid teisteanasan ùra sam bith airson Gàidhlig a bhrosnachadh	Am Màrt 2023	Leasachadh Theisteanasan
Neartaich an dàimh le SpeakGaelic /MG Alba gus beachdachadh air cothroman gus susbaint SpeakGaelic a mhapadh gu solar SQA	Sult 2023	Leasachadh Theisteanasan

**Amas àrd-ìre:** Dèan cinnteach gu bheil pròiseas leasachadh cùrsa 'dearbhte don Ghàidhlig' taobh a-staigh cleachdaidhean obrach SQA

**Buil a thathar ag iarraidh:** Thathar a' beachdachadh air a' Ghàidhlig bho thoiseach leasachadh theisteanasan ùra

**Cleachdadh làithreach:** An-dràsta tha e ais-gnìomhach

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
SQA gus ceist a chur ann an cùisean gnìomhachais air a' bhuaidh a th' aig libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig  Coinnich ri Buidheann Cùisean Gnìomhachais airson ath-sgrùdadh fhoirm  SQA gus cothroman a chomharrachadh gus cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte ann am prògraman a tha a' tighinn am bàrr taobh a-staigh solar theisteanasan aig gach ìre	Am Màrt 2023	Leasachadh Theisteanasan

**Amas àrd-ìre:** Cruthaich tuilleadh sgrùdaidhean cùise le sgoilearan, tidsearan, agus pàrantan mu na buannachdan a tha an lùib theisteanasan Gàidhlig gus an àireamh de theisteanasan Gàidhlig a mheudachadh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Meudachadh anns an àireamh de theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig agus mothachadh air buannachdan FMG agus dà-chànanas

**Cleachdadh làithreach:** Chaidh criomagan lìn meadhanan sòisealta a chruthachadh le tagraichean a' bruidhinn mun eòlas aca le FMG

<b>Gnìomhan a tha riatanach</b>	<b>Ceann-latha targaid</b>	<b>Dleastanas</b>
Dèan sgrùdaidhean cùise air tagraichean tro mheadhan na Gàidhlig agus na roghainnean dreuchdail agus buannachdan a bheir iad don luchd-obrach	Sult 2023	Conaltradh; Leasachadh Theisteanasan

## **Amasan seirbheis corporra**

A bharrachd air na h-amasan àrd-ìre a tha sònraichte don SQA, tha BnG air seata de dh'amasan seirbheis chorporra àbhaisteach a leasachadh a tha stèidhichte air an eòlas a th' aca air Planaichean Gàidhlig aontaichte gu ruige seo, leis an amas prìomh sheirbheisean Gàidhlig a cho-òrdanachadh thar ùine tarsainn na roinne poblaich.

Tha SQA air adhartas mean air mhean a nochdadh a dh'ionnsaigh libhrigeadh nan amasan sin agus air raointean a chomharrachadh far a bheil barrachd obair ri dhèanamh. Tha an adhartas a th' againn an-dràsta mu choinneamh nan amasan sin agus ar gnìomhachd san àm ri teachd air a mhìneachadh air duilleagan 19 gu 27.

## Amas: Inbhe

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne corporra agus soidhnichean ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànan, ag àrdachadh a h-inbhe, agus a' dèanamh aithris chudromach air mar a thathar a' cur luach air a' Ghàidhlig agus mar a thathar ga h-aithneachadh. Faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cuideachd briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a neartachadh, mothachadh poblach a thogail don chànan, agus cur ri leasachadh a' chànan. Chaidh grunn ghealltanasan co-cheangailte ri dearbh-aithne a chomharrachadh anns a' chiad dà chuairt de Phlana Gàidhlig SQA agus tha iad a-nis air an nochdadh nar cleachdadh làithreach. Tha SQA fhathast ag aithneachadh cho cudromach sa tha e faicsinneachd na Gàidhlig a leudachadh agus a h-inbhe àrdachadh.

## Suaicheantas agus brannd

**Buil a thathar ag iarraidh:**An suaicheantas agus am branndadh corporra a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir don t-suaicheantas follaiseachd co-ionann a nochdadh don dà chànan

**Cleachdadh làithreach:**Tha suaicheantas againn anns a bheil Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (Scottish Qualifications Authority) a tha a' nochdadh air foillseachaidhean Gàidhlig neo airson a chleachdadh aig tachartasan Gàidhlig. Cuideachd, air PowerPoints agus pinn corporra

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Gnìomh air ath-ùrachadh	Air ath-ùrachadh	Margaidheachd / Conaltradh
Obraich le conaltradh air an taobh a-staigh gus mothachadh a thogail agus innse do cho-obraichean gum faodar Gàidhlig a chur air ainmean-sgrìobhte puist-d	Bliadhna 1	Margaidheachd / Conaltradh

## Soidhnichean

**Buil a thathar ag iarraidh:**Bidh Gàidhlig agus Beurla air na soidhnichean follaiseach mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith

**Cleachdadh làithreach:**Soidhne sa Ghàidhlig aig ionadan-fàilte Optima agus Lowden. Tha soidhne dà-chànanach air an làr ìseal aig Optima

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Obraich còmhla ris an Sgioba Goireasan gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd spèis ga thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla a thaobh shoidhnichean	An t-luchair 2023	Leasachadh Theisteanasan agus Goireasan

## Amas: Conaltradh leis a' phoball

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite conaltraidh a bhios aig buill den phoball ri ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd a' chànain a tha follaiseach agus ri chluinntinn agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air. A bharrachd air a bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson a bhith ga cleachdadh agus a' brosnachadh buill den phoball gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a' chànain a chleachdadh, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil e comasach agus gu bheil fàilte air a cleachdadh. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de fhoirmean dà-chànanach agus foirmean Gàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri faicsinneachd agus cliù a' chànain. Faodaidh ullachadh dreachan Gàidhlig de fhoirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean coltach ris, cuideachd cuideachadh le leudachadh air an raon de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh luchd-labhairt na Gàidhlig air a' bhriathrachas sin, agus mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin. Tha SQA ag aithneachadh cho cudromach sa tha e cothroman a chruithachadh airson cleachdadh na Gàidhlig ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha e dealasach a thaobh àrdachadh a thoirt air an ìre de sholarachadh san raon seo.

## Adhartachadh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Teachdaireachd adhartach gu bheil an-còmhnaidh a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig

**Cleachdadh làithreach:** Tionndadh Gàidhlig de [fhoirm](#) bheachdan/dùrachdan/mholaidhean air an lìon.  
Tha bonn-coise puist-d My Centre dà-chànanach

Gnìomhan a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Brosnaich iomairt <a href="#">#Cleachdi</a> aig Bòrd na Gàidhlig ann an SQA tro Chonaltradh Taobh a-staigh	An Giblean 2022	Conaltradh
Freagairtean MyCentre (aithneachadh) a bhith dà-chànanach	Dùbh 2023	Sìostaman na Buidhne / Leasachadh na Buidhne

## Conaltradh sgrìobhte

**Buil a thathar ag iarraidh:** Gabhar an-còmhnaidh ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheann.

**Cleachdadh làithreach:** Bidh freagairt sam bith a thèid a chur a-steach sa Ghàidhlig air a fhreagairt sa Ghàidhlig

Gnìomhan a tha riatanach	Cinn-latha targaid	Dleastanas
Cuiridh SQA pròiseas foirmeil air dòigh gus freagairt a thoirt do luchd-cleachdaidh a chuireas fios gu SQA sa Ghàidhlig	An Dàmhair 2023	Leasachadh na Buidhne

Gnìomhan a tha riatanach	Cinn-latha targaid	Dleastanas
agus nì iad cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach nan ionadan conaltraidh air fad mun phròiseas.		
Nì sinn ainm-sgrìobhte post-d àbhaisteach dà-chànanach agus freagairt taobh a-muigh na h-oifis ri fhaotainn don h-uile co-oibrichean. Brosnaichidh agus cuidichidh sinn co-obraichean gus iad sin a chleachdadh ma tha iad airson sin a dhèanamh	An t-Ògmhios 2023	Conaltradh; Leasachadh Theisteanasan

### Ionad-fàilte agus Fòn

**Buil a thathar ag iarraidh:**Far an urrainn do cho-obraichean aig a bheil Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faighinn taic gus sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a bhrosnachadh don phoball.

**Cleachdadh làithreach:**Bidh sinn a' cleachdadh roghainnean aithne guth eadar-obrachail san t-siostam fòn againn a' toirt seachad comhairle air cothrom air luchd-obrach le Gàidhlig agus goireasan gus dèiligeadh ri ceistean Soidhne aig ionadan-fàilte Optima agus Lowden.

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh roghainnean aithne guth eadar-obrachail san t-siostam fòn againn a' toirt seachad comhairle air cothrom air luchd-obrach le Gàidhlig agus goireasan gus dèiligeadh ri ceistean	An t-Ògmhios 2024	Ionad Conaltradh
Lean air adhart ag obair leis an Sgioba Goireasan gus dèanamh cinnteach gum faicear soidhnichean Gàidhlig aig an ionad-fàilte SQA aig làraich Optima agus Lowden.	An Giblean 2023	Goireasan

### Coinneamhan poblach

**Buil a thathar ag iarraidh:**Bithear a' rannsachadh agus a' brosnachadh chothroman airson coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig gu cunbhalach

**Cleachdadh làithreach:**Coinneamhan poblach cuibhrichte an-dràsta. Gàidhlig ga bruidhinn ann an coinneamhan sgioba theisteanasan; coinneamhan chomharran (chan e poblach), Gàidhlig ga bruidhinn aig tachartasan leithid am Mòd Nàiseanta Rìoghail, An t-Alltan

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Rannsaich cothroman gus coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig	Sult 2023	Leasachadh Theisteanasan



Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Cruthaich Pannal Luchd-ionnsachaidh agus gnìomhachd Com-pàirt Phàrant gus riochdairean bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a ghabhail a-steach	An t-Ògmhios 2023	Conaltradh & Cosnachadh
Coinneamhan modhan-obrach teisteanasan Gàidhlig air an cumail sa Ghàidhlig	An t-Ògmhios 2024	Leasachadh Theisteanasan

### Amas: Fiosrachadh

Cuidichidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuthan clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Bidh e a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh faicsinneachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigh, is urrainn dha cuideachadh le briathrachas ùr a leasachadh agus briathrachas gnàthaichte àrdachadh.

Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh le bhith a' nochdadh dealas ùghdarras poblach a thaobh fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain. Tha SQA dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh anns na raointean sin far a bheil an cuspair as inntinniche don phoball san fharsaingeachd no far a bheil e a' buntainn gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

### Brathan naidheachd

**Buil a thathar ag iarraidh:** Tha brathan-naidheachd àrd-iomhaigh agus brathan-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an cuairteachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla

**Cleachdadh làithreach:** Foillseachaidhean cuibhrichte sa Ghàidhlig

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Obair còmhla ri Conaltradh gus brathan-naidheachd àrd-iomhaigh a phlanadh agus a chuirteachadh ann an Gàidhlig agus Beurla	Am Màrt 2024	Conaltradh; Leasachadh Theisteanasan; Planadh Ro-innleachdail agus Riaghladh

### Meadhanan Sòisealta

**Buil a thathar ag iarraidh:** Susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh fìor agus comasach

**Cleachdadh làithreach:** Tha puist againn air na meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig, cuid air am planadh ro làimh, me, rè na deuchainnean, seachdain a' Mhòid, teachdaireachdan na Nollaige, agus cuid eile ad-hoc  
Bidh Sgioba Theisteanasan ag obair leis an Sgioba Comms agus a' cumail fios airson gnìomhachd ad-hoc

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Sgioba nam Meadhanan Sòisealta gus beachdachadh air a' Ghàidhlig bhon fhìor thoiseach mar phàirt de ro-innleachd nam meadhanan sòisealta	An t-Ògmhios 2024	Conaltradh
Dèan cinnteach gum bi riochdachadh Gàidhlig air a' bhuidheann susbaint Conaltraidh	An t-Ògmhios 2024	Leasachadh Theisteanasan

### Làrach-lìn

**Buil a thathar ag iarraidh:** Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri fhaotainn air làrach-lìn ùghdarras poblach, le cuideam ga chur air na duilleagan aig a bheil an comas ruigsinneach as àirde

**Cleachdadh làithreach:** Poileasaidh Dìomhaireachd ri fhaighinn sa Ghàidhlig. Tha susbaint Ghàidhlig ri fhaighinn aig [www.sqa.org.uk/gaelic](http://www.sqa.org.uk/gaelic)

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Leasachadh Theisteanasan a bhith ag obair le Conaltradh, gu sònraichte an sgioba Didseatach, gus dèanamh cinnteach gu bheil duilleagan-lìn airson teisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig anns a' Ghàidhlig	Bliadhna 1	Conaltradh; Leasachadh Theisteanasan

### Foillseachaidhean corporra

**Buil a thathar ag iarraidh:** Air a libhrigeadh ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil an comas as àirde

**Cleachdadh làithreach:** Aithisg Bhladhna, Plana Corporra, Na Deuchainnean Agad, An Obair-Chùrsa Agad, Fastadh Comharran, Solarachadh SQA airson na Gàidhlig, PDA Eadar-theangachadh Gàidhlig, GOC uile rim faighinn gu dà-chànanach

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Dèan cinnteach gu bheil pròiseas foirmeil ann a bhios a' gabhail a-steach beachdachadh air a' Ghàidhlig bhon fhìor thoiseach airson foillseachaidhean corporra. Far a bheil e air a dhearbhadh, foillsich foillseachaidhean corporra ann an Gàidhlig agus Beurla le prìomhachas ga thoirt do stuthan mu choinneamh thagraichean	An t-Ògmhios 2024	Conaltradh; Leasachadh Theisteanasan; Planadh Ro-innleachdail agus Riaghladh

## Taisbeanaidhean

**Buil a thathar ag iarraidh:** Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil a' bhuidhe as motha

**Cleachdadh an-dràsta:** Pop-ups Gàidhlig airson an cleachdadh aig tachartasan: aon soidhne coitcheann a ghabhas cleachdadh aig tachartas sam bith, a' gabhail a-steach an teacsa Gàidhlig 'Coilean do chomas'; tha soidhne eile ag ràdh 'Fàilte' ann an grunn chànanan a' gabhail a-steach Gàidhlig

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Dèan lèirmheas air taghadh de soidhnichean pop-up sa Ghàidhlig	An t-Ògmhios 2023	Margaidheachd

## Amas: Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumar na sgilean obrach agus na sgilean cànan a tha riatanach do cho-obraichean a leasachadh. Tha solar ionnsachadh cànan do cho-obraichean a' cuideachadh le bhith ag adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig inbheach agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Cuiridh comharrachadh obraichean anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil ainmichte gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga chomharrachadh mar sgil dheimhinneach ri togail. Tha fastadh Co-òrdanaiche Theisteanasan airson Gàidhlig air a bhith na fheart cudromach ann a bhith a' dèanamh phlanaichean a bh' ann roimhe agus às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh le bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge bith dè an ìre de sgilean Gàidhlig a tha a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig na fhìor riatanas obrach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri agus cur an sàs slatan-tomhais cuimseach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cur an dreuchd anns gach cùis air stèidh chothromach agus chunbhalach, agus gu bheil iad a' nochdadh feumalachdan sgilean comharrachta na dreuchd. Tha SQA ag aithneachadh cho cudromach sa tha e a' Ghàidhlig fhaicinn mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a cleachdadh deatamach no ion-mhiannaichte. Tha SQA cuideachd ag aithneachadh cho cudromach sa tha e cothrom a thoirt do cho-obraichean na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad airson sin a dhèanamh.

## Sgrùdadh taobh a-staigh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Dèan sgrùdadh an taobh a-staigh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro bheatha gach plana

**Cleachdadh làithreach:** Sgrùdadh taobh a-staigh crìochnaichte sa Chèitean 2021

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Thoir air adhart gnìomhan a thig bho fhreagairtean an t-suirbhidh sgrùdaidh luchd-obrach	Lùn 2023	OD; PAS; Conaltradh Taobh a-staigh

### Inntrigeadh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Bu chòir fiosrachadh mu Phlana Gàidhlig ùghdarras poblach a bhith ann an inntrigeadh luchd-obrach ùr

**Cleachdadh làithreach:** modal 'Cànanan na h-Alba' air a leasachadh airson Acadamaidh SQA  
Modal Cànanan na h-Alba gu bhith na phàirt de inntrigeadh tòiseachaidh ùr SQA agus mar phàirt den amas ceithir seachdainean aca

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Comharraich co-obraichean a th' ann mar-thà gu modal agus ath-sgrùdadh figearan crìochnachaidh	An t-Ògmhios 2024	OD; Conaltradh Taobh a-staigh; Leasachadh Theisteanasan

### Trèanadh cànan

**Buil a thathar ag iarraidh:** Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig ga thabhann do cho-obraichean, gu sònraichte a thaobh cur an gnìomh Plana Gàidhlig ùghdarras poblach

**Cleachdadh làithreach:** Tha mòr-ionad Gàidhlig Luchd-obrach SQA air Yammer, duilleag eadra-lìon Chànanan na h-Alba agus duilleag eadra-lìon OD a' gabhail a-steach leabharlann ghoireasan agus ceanglaichean gu cothroman ionnsachaidh

Tha fiosrachadh air [làrach eadra-lìon Cànanan na h-Alba](#) taobh a-staigh Buidheann-stiùiridh Theisteanasan SQA, mu sholar Gàidhlig SQA, Plana Gàidhlig (Nàiseanta agus SQA), Albais, Cànan Soidhnidh Bhreatainn, ionnsachadh Gàidhlig/Albais/BSL, SQA aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, na naidheachdan as ùire, tachartasan agus iomairtean a tha ri thighinn

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Lean air adhart a' roinn cothroman ionnsachaidh, gu sònraichte prògram SpeakGaelic	An t-Ògmhios 2023	OD / Leasachadh Theisteanasan
Co-obrach leis an Lionra Appreciate Culture and Ethnicity (ACE) a thaobh cànanan, dearbh-aithne agus cultar na h-Alba. Tha an Lionra ACE ann gus taic a sholarachadh agus faireachdainn de bhuinteanas a chruthachadh a gur dòcha nach eil ann an àiteachan eile sa bhuidhinn. Bidh ACE a' roinn eòlasan, a' toirt seachad fios air ais agus molaidhean, agus a' toirt taic do cheumnan	An t-Samhain 2023	Planadh Ro-innleachdail agus Riaghladh

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
practaigeach agus soilleir as urrainn dhuinn uile a dhèanamh gus àite-obrach eadar-mheasgte agus in-ghabhalach a chruthachadh.		

### Trèanadh air mothachadh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Trèanadh mothachadh Gàidhlig ga thabhann do cho-obraichean, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill a' bhùird, comhairlichean agus co-obraichean a tha a' dèiligeadh gu dìreach ris a' phoball

**Cleachdadh làithreach:** Air a libhrigeadh roimhe dà thuras le com-pàirtiche bhon taobh a-muigh

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Libhrigeadh tuilleadh trèanaidh, a' rannsachadh chothroman a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean eile le Planaichean Gàidhlig	An t-Ògmhios 2024	OD; Leasachadh Theisteanasan

### Trusadh

**Buil a thathar ag iarraidh:** Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh

Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.

Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach

**Cleachdadh làithreach:** Chan eil dreuchdan againn far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach. Bidh sinn a' toirt iomradh air Plana Gàidhlig SQA anns a h-uile dreuchd bàn air an liosta

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
HR gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air stiùireadh sgrìobhte Bhòrd na Gàidhlig air <a href="#">Gàidhlig mar sgil obrach</a> agus an stiùireadh seo a chleachdadh airson dreuchdan bàna far am faodar a' Ghàidhlig a mheas mar sgil riatanach/ion-mhiannaichte.	An t-Ògmhios 2023	Trusadh GD
Co-dhiù aon dreuchd gu bhith air a shònrachadh le Gàidhlig riatanach	An Gearran 2023	Riaghladh Luchd-dreuchd/ Leasachadh Theisteanasan

<b>Gnìomh a tha riatanach</b>	<b>Ceann-latha targaid</b>	<b>Dleastanas</b>
Bithear a' sanasachadh dreuchdan bàna a bhrosnaicheas iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig	Dàmh 2023	Leasachadh Eagrachail / Leasachadh Theisteanasan
Comharraich raointean gnìomhachais le prìomhachas far am faod a' Ghàidhlig luach a chur ris	Sult 2023	Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh GLP
Thoir a-steach sanasan dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla) airson dreuchdan bàna co-cheangailte ri Gàidhlig agus teisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig	Gearr 2023	Riaghladh Luchd-dreuchd / Leasachadh Theisteanasan
Rannsaich dòighean gus tagraichean le Gàidhlig a bhrosnachadh ann am fastadh Phreantasachdan Ùr-nodha taobh a-staigh SQA san àm ri teachd	Am Màrt 2024	Trusadh GD; OD

## Amas: Corpas na Gàidhlig

Mar a thachras leis a h-uile cànan, tha cunbhalachd briathrachais agus eadar-theangachaidh fìor chudromach, gu h-àraidh sa Ghàidhlig far a bheil briathrachas ùr agus teicneòlas eadar-theangachaidh a' nochdadh. Tha dealas aig SQA a bhith a' faighinn cothrom air leasachaidhean san roinn seo agus ag ath-sgrùdadh a phròiseasan eadar-theangachaidh air an taobh a-staigh. Le bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta leithid Stòrlann, Foghlam Alba agus companaidhean eadar-theangachaidh, nì sinn ar dìcheall cur ri, agus leasachadh, stòr-dàta foghlaim airson briathrachas na Gàidhlig.

## Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig (GLG)

**Buil a thathar ag iarraidh:** Thèid an GLG as ùire a leantainn a thaobh gach stuth sgrìobhte a chuir an t-ùghdarras poblach a-mach

**Cleachdadh làithreach:** Thathar ag iarraidh air eadar-theangairean cumail ri GLG nuair a bhios iad ag obair air eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig airson SQA

Bithear a' toirt lethbhric de GLG gu tachartasan leithid am Mòd agus An t-Alltan — àite sam bith far a bheil làthaireachd aig SQA airson na Gàidhlig.

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Meudaich faicsinneachd GLG air làrach-lìn SQA gus fiosrachadh a thoirt a-steach air mar a dh'iarrar lethbhreac	An t-Ògmhios 2023	Leasachadh Theisteanasan; Conaltradh

## Ainmean Àite

**Buil a thathar ag iarraidh:** Thathas a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle mu ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba

**Cleachdadh làithreach:** Lean an stiùireadh bho AAA, gu sònraichte ann an teisteanasan Cruinn-eòlas tro mheadhan na Gàidhlig

Gnìomh a tha riatanach	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Cuir a-steach ceangal gu <a href="http://www.ainmean-aite.scot">www.ainmean-aite.scot</a> air duilleag-lìn a' chuspair Chruinn-eòlas	An t-Ògmhios 2024	Leasachadh Theisteanasan

# Ceanglaichean ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta agus frèaman ionadail agus roinneil

Tha SQA mothachail air a' phàirt chudromach a th' againn ann a bhith a' toirt taic do dhealas Riaghaltas na h-Alba àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig agus mar sin a' toirt buannachdan sòisealta, eaconamach agus foghlaim do dh'Alba agus a sluagh.

San Ògmhios 2018, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [Frèam Coileanaidh Nàiseanta](#) (NFP) ath-sgrùdaichte. Tha seo a' mìneachadh adhbhar an Riaghaltais agus na prìomhachasan ro-innleachdail aige. Airson SQA, is e an NFP am prìomh stiùireadh airson dèanamh cinnteach gu bheil ar prìomhachasan ro-innleachdail co-thaobhadh ri feadhainn an Riaghaltais, gu sònraichte:

- ◆ Eaconamaidh: Tha eaconamaidh againn a tha tionnsgalach, in-ghabhalach agus farpaiseach air feadh na cruinne.
- ◆ Foghlam: Tha sinn air ar deagh fhoghlam, sgileil, agus comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
- ◆ Obair Chothromach agus Gnothachas: Tha gnìomhachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le dreuchdan sàr-mhath agus obair chothromach airson a h-uile duine
- ◆ Eadar-nàiseanta: Tha sinn fosgailte, ceangailte agus a' cur gu math gu h-eadar-nàiseanta

Mar bhuidheann duaiseachaidh is barrantachaidh nàiseanta na h-Alba, obraichidh sinn le com-pàirtichean agus luchd-ùidh gus cumail oimn a' toirt taic do bhuilean an NFP agus na tha a' Ghàidhlig a' cur riutha sin. Tha SQA a' toirt taic do fhrèaman-obrach ionadail is roinneil eile, leithid Com-pàirteachasan Planadh Coimhearsnachd, Aontan Builean Singilte, Co-obrachaidhean Leasachaidh Roinneil, agus Planaichean Tasgadh Sgilean roinneil.

## Foillseachadh

Thar cùrsa a' phlana seo, bidh ro-innleachd conaltraidh againn na àite gus am plana adhartachadh agus gus ar n-adhartas agus ar coileanaidhean a chonaltradh, a-staigh agus a-muigh.

Taobh a-staigh nì sinn:

- ◆ am plana fhoillseachadh air an làrach eadra-lìon againn, a' soilleireachadh do cho-obraichean ar dleastanas ann a bhith a' brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, a' brosnachadh togail agus ionnsachadh na Gàidhlig, agus a' brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig
- ◆ adhartachadh modal 'Cànanan na h-Alba', a chaidh a leasachadh airson Acadamaidh SQA, don a h-uile co-obrach
- ◆ ùrachadh a thoirt do cho-obraichean fad beatha a' phlana air an adhartas a chaidh a dhèanamh gu ruige seo agus dè a bharrachd as urrainn dhuinn a dhèanamh. Nì sinn seo tro shianalan leithid an eadra-lìon, SharePoint agus Yammer



Taobh a-muigh nì sinn:

- ◆ am plana fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla agus a' cur a-mach fios naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh a' phlana
- ◆ am plana fhoillseachadh tro na seanailean meadhanan sòisealta againn
- ◆ ar plana a roinn le ar prìomh chom-pàirtichean agus luchd-ùidh

## **A' faighinn goireasan air a' phlana**

Bidh a' mhòr-chuid de ghnìomhachdan a tha air am mìneachadh sa phlana seo air an gabhail a-steach agus air am maoineachadh mar-thà tron bhuidseit SQA a chaidh aontachadh le sponsair SQA, Riaghaltas na h-Alba.

## **A' cumail sùil air a' phlana**

Stèidhichidh SQA Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig gus sùil a chumail air na gnìomhan a thèid a ghabhail fad beatha a' phlana seo. Bidh seo na bhuidheann tar-ghnìomhachais de cho-obraichean le uallach airson gnìomhan a tha air am mìneachadh sa phlana seo a libhrigeadh. Coinnichidh a' bhuidheann gach ràithe gus adhartas a sgrùdadh, agus thèid seo innse don EMT dà-bhliadhnail.

Cuideachd, bidh buileachadh a' phlana air a ghabhail a-steach nar Planaichean Gnothachais is Gnìomha, agus bithear a' cumail sùil air adhartas tro shianalan riaghlaidh àbhaisteach SQA. Cuidichidh conaltradh cunbhalach, an dara cuid ann an cruth ùrachaidhean sgrìobhte no coinneamhan le BnG, am pròiseas seo. Thèid aithisg adhartais bhliadhnail a thoirt do BnG agus bidh i ri fhaotainn don phoball.

# Am Plana Gàidhlig anns an ùghdarras phoblach

## Dleastanas iomlan airson a' phlana

Tha dleastanas iomlan aig àrd-oifigear SQA airson a bhith ag ullachadh, a' libhrigeadh, agus a' cumail sùil air Plana Gàidhlig SQA. Tha fiosrachadh conaltraidh a' Cheannaird mar a leanas:

Fiona Robertson  
Ceannard  
Ùghdarras Theisteanas na h-Alba  
The Optima Building  
58 Sràid Robastan  
Glaschu  
G2 8DQ  
[fiona.robertson@sqa.org.uk](mailto:fiona.robertson@sqa.org.uk)

## Uallach airson a' phlana bho latha gu latha

Tha uallach bho latha gu latha aig a' Cho-òrdanaiche Theisteanasan (Gàidhlig) agus aig a' Mhanaidsear Planadh is Aithris Corporra airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig SQA. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Martin Johnston  
Manaidsear Planadh Corporra agus Aithris  
Ùghdarras Theisteanas na h-Alba  
The Optima Building  
58 Sràid Robastan  
Glaschu  
G2 8DQ  
[martin.johnston2@sqa.org.uk](mailto:martin.johnston2@sqa.org.uk)

Co-òrdanaiche Theisteanasan (Gàidhlig)  
Ùghdarras Theisteanas na h-Alba  
The Optima Building  
58 Sràid Robastan  
Glaschu  
G2 8DQ  
(Dreuchd bàn an-dràsta)

# Pàipear-taice 1 — Sgrùdadh comas Gàidhlig air an taobh a-staigh

Chaidh Sgrùdadh Sgìlean Gàidhlig SQA a chumail eadar an Giblean agus an Cèitean 2021 gus ceangal a dhèanamh ri còmhraidhean 'My Review' a bha a' gabhail àite eadar co-obraichean agus sreath-stiùirichean. B' e amas an sgrùdaidh cleachdadh na Gàidhlig agus sgìlean agus miannan trèanaidh is leasachaidh ar co-obraichean a chomharrachadh.


Chaidh an sgrùdadh fhoillseachadh tro phost-d co-oibrichean uile, puist air duilleag Mòr-ionad Ghàidhlig SQA air Yammer agus artaigil eadra-lìon. Chaidh an sgrùdadh a shuidheachadh air làrach SharePoint 'Cànanan na h-Alba' agus bha teachdaireachdan ann bho cho-obraichean, a' gabhail a-steach ar Ceannard agus Stiùiriche Ionmhais is Seirbheisean Corporra, gus daoine a bhrosnachadh agus a bhith a' roinn na h-eòlasan no na miannan aca fhèin airson Gàidhlig ionnsachadh.




Tha dealas aig SQA a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg cho-obraichean agus luchd-ceannachd, agus cuidichidh am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh bho sgrùdaidhean sgìlean Gàidhlig san àm ri teachd sinn le bhith a' planadh leasachadh air cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig nas motha aig SQA.

Tha na ceistean agus na freagairtean a leanas a' nochdadh co-dhùnidhean sgrùdadh an taobh a-staigh:

## 1. Which of the following best describes your awareness of SQAs Gaelic Language Plan?

[More Details](#)






 Insights

	I'm aware of the Plan and am ...	26
	I'm aware of the Plan but am ...	58
	I'm not aware of the Plan	23



## 2. Which of these statements best describes your current Gaelic ability and use?


[More Details](#)

	Gaelic is my mother language	1
	I am a fluent speaker of Gaelic	1
	I am a Gaelic learner	8
	I have previously studied Gaelic	7
	Other	90



3. If you have Gaelic, how would you describe your current confidence?

<span style="color: blue;">●</span> I have some Gaelic but I lack t...	6
<span style="color: orange;">●</span> I have some Gaelic but I often ...	8
<span style="color: green;">●</span> I will hold a conversation in G...	1
<span style="color: red;">●</span> I will start conversations in Ga...	3
<span style="color: purple;">●</span> Other	89



4. How would you describe your ability in relation to understanding Gaelic?

[More Details](#)

[Insights](#)

<span style="color: blue;">●</span> Fluent	3
<span style="color: orange;">●</span> Advanced	0
<span style="color: green;">●</span> Intermediate	3
<span style="color: red;">●</span> Basic	11
<span style="color: purple;">●</span> No ability	90




5. How would you describe your ability in relation to speaking Gaelic?

[More Details](#)

[Insights](#)

<span style="color: blue;">●</span> Fluent	1
<span style="color: orange;">●</span> Advanced	1
<span style="color: green;">●</span> Intermediate	1
<span style="color: red;">●</span> Basic	11
<span style="color: purple;">●</span> No ability	93




6. How would you describe your ability in relation to reading Gaelic?

[More Details](#)

[Insights](#)

<span style="color: blue;">●</span> Fluent	2
<span style="color: orange;">●</span> Advanced	1
<span style="color: green;">●</span> Intermediate	1
<span style="color: red;">●</span> Basic	10
<span style="color: purple;">●</span> No ability	93



7. How would you describe your ability in relation to writing Gaelic?

[More Details](#)


<span style="color: blue;">●</span> Fluent	1
<span style="color: orange;">●</span> Advanced	0
<span style="color: green;">●</span> Intermediate	3
<span style="color: red;">●</span> Basic	5
<span style="color: purple;">●</span> No ability	98



8. Which of the following statements best describes your experience in relation to Gaelic Education? (tick all that apply)

[More Details](#)

<span style="color: blue;">●</span> I attended Gaelic Medium Edu...	2
<span style="color: orange;">●</span> I attended Gaelic Medium Edu...	1
<span style="color: green;">●</span> I studied SQA qualification in ...	1
<span style="color: red;">●</span> I studied SQA qualification in ...	2
<span style="color: purple;">●</span> I studied a Gaelic related degr...	3
<span style="color: brown;">●</span> I attended Gaelic language cla...	7
<span style="color: pink;">●</span> I am a parent/guardian of a ch...	3
<span style="color: grey;">●</span> I have no experience of Gaelic...	84
<span style="color: olive;">●</span> Other	9




9. How would you describe your current interest in learning Gaelic?

[More Details](#)

[Insights](#)

<span style="color: blue;">●</span> I have Gaelic and I am happy ...	2
<span style="color: orange;">●</span> I have Gaelic and would like t...	2
<span style="color: green;">●</span> I am currently learning Gaelic (...)	5
<span style="color: red;">●</span> I would be interested in learni...	57
<span style="color: purple;">●</span> I do not wish to learn Gaelic	37
<span style="color: brown;">●</span> Other	4



10. Is there anything else you think SQA could do to ensure a supportive culture for Gaelic learning and development?

107 Responses

## Pàipear-taice 2 — Co-chomhairleachadh poblach

Tha co-obrachadh leis na com-pàirtichean againn air feadh na h-Alba na h-eileamaid bhunaiteach den Phlana Ghàidhlig againn. A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh co-chomhairle air susbaint a' Phlana Ghàidhlig fhèin.

Tha e cudromach dhuinn gum bi am plana a rèir feumalachdan an luchd-ùidh uile againn - bho luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg gu luchd-fastaidh, agus solaraichean trànaidh. Chaidh ar co-chomhairle fhoillseachadh air an làrach-lìn againn bho Dhimàirt 2 Samhain gu Dimàirt 16 Dùbhlachd. Tro na seanailean meadhanan sòisealta againn, bhrosnaich sinn a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an solar Gàidhlig SQA pàirt a ghabhail sa cho-chomhairle.

A bharrachd air an sin, bho 30 Sultain gu 26 Samhain 2021, chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail às leth an Ollaimh Ken Muir, Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba, na dhreuchd mar chomhairliche neo-eisimeileach do Riaghaltas na h-Alba air ath-chur SQA agus ath-leasachadh Foghlam Alba. Bheir am fiosrachadh seachad taic don Ollamh Muir na bheachdachaidhean. Thèid mion-sgrùdadh de na freagairtean fhoillseachadh tràth ann an 2022 cuideachd. Mar phàirt den cho-chomhairle seo, bheachdaich an t-Ollamh Ken Muir gun robh e cudromach gum biodh cothrom aig an fheadhainn a bha a' riochdachadh sgoiltean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a dhol an sàs leis air mar a bha iad an dùil gun toireadh na h-ath-leasachaidhean san amharc buaidh orra.

Mar thoradh air an seo, chaidh iarraidh air BnG a bhith mar phàirt den Bhuidheann Comhairleachaidh Luchd-cleachdaidh is Luchd-ùidh agus tha iad cuideachd air freagairt a thoirt don cho-chomhairle seo. Thèid beachdachadh air gnìomhan iomchaidh sam bith agus a thoirt air adhart.

Fhuair sinn 11 freagairt uile gu lèir agus bha a' mhòr-chuid de fhreagairtean ag aontachadh ris na gnìomhan agus na h-amasan a tha air am mineachadh san dreachd phlana. Am measg nam prìomh chuspairean anns na freagairtean bha:

- ◆ na tha ri fhaotainn de theisteanasan a bhuineas don Ghàidhlig sa churraicealam
- ◆ mar thoradh air an ath-sgrùdadh air na buidhnean foghlaim agus am miann airson measadh agus curraicealam a cho-thaobhadh ann an siostam foghlaim na h-Alba, chaidh mothachadh gum bi cothroman ann FMG a neartachadh san àm ri teachd.
- ◆ tha feum air sgrùdadh taobh a-staigh air sgilean Gàidhlig aig SQA (agus a' bhuidheann a thig às a dhèidh)

Chan eil SQA den bheachd gu bheil a' cho-chomhairleachadh poblach air feum sam bith a mholadh airson atharrachadh bunaiteach air a' phlana a tha san amharc. Tha am plana an-dràsta sùbailte gu leòr airson beachdachadh air mòran de na puingeann a thog luchd-freagairt.

Fhuair sinn 31 pìosan fios air ais bhon 10 neach-freagairt. Dhiubh sin,

- ◆ Cha robh feum aig 19 beachdan air gnìomh sam bith (bha iad deimhinneach mun ìre de mhion-fhiosrachadh san dreachd phlana) agus/no chaidh beachdachadh orra mar-thà le SQA
- ◆ Thèid 10 beachdan a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt don phlana gnìomh air an taobh a-staigh agus thèid an cur air adhart chun na roinne iomchaidh airson beachdachadh
- ◆ bha aon beachd na dhùblachadh

- ◆ bha aon bheachd co-cheangailte ris an ath-sgrùdadh air na buidhnean foghlaim. Bidh sinn a' feitheamh ri toradh Lèirmheas Muir agus cuiridh sinn fios air ais gu Riaghaltas na h-Alba airson beachdachadh

Tha am fios air ais a fhuair sinn air a chlàradh agus bidh e ri fhaicinn sa phlana gnìomh air an taobh a-staigh, a thèid a stèidheachadh tro Bhuidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig SQA. A bharrachd air sin, tro bhith cruthachadh dà bhuidheann-stiùiridh ùr aig SQA (Conaltradh agus Poileasaidh, Mion-sgrùdadh agus Inbhean), bidh sinn a' feuchainn ri conaltradh leis a h-uile duine leis a bheil sinn ag obair agus a' toirt taic. Tha sinn a' leantainn oirnn a' cruinneachadh fios air ais agus fianais gus tuigse fhaighinn air mar a tha na teisteanasan againn ag obair agus mar a dh'fhaodadh sinn an leasachadh.